

An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 12 (which corresponds to Litir 316). Ruairidh would welcome feedback on An Litir Bheag from listeners/readers. He can be contacted at rodgy.maclean@bbc.co.uk.

Tha am facal “Spion” a’ nochdadh gu tric ann an ainmean-àite. Càite? Uill, air feadh an t-saoghail. Tha am facal Gàidhlig *spìon* a’ ciallachadh *pluck* no *tug*. Ma tha sibh a’ toirt iteagan à cearc, tha thu “a’ spìonadh na circe”. Agus bidh daoine a’ spìonadh luibhean – lusach nach eil iad ag iarraidh.

Ann an a’ Mhonadh Ruadh tha cnoc ann air a bheil *Spion Rocks*. ’S e ainm Beurla a th’ ann. Agus tha e am measg ainmean Gàidhlig. Ach an ann às a’ Ghàidhlig a tha an *Spion* ann an *Spion Rocks*? Tha mi a’ smaoinneachadh nach ann. Tha mi a’ smaoinneachadh gur ann à Afrikaans a tha e.

Nuair a thàinig daoine dhachaigh à Afraga a Deas, thug iad ainmean leotha. Ainmean mar *Spion Kop*. Tha baile air a bheil Spion Kop mar ainm ann an meadhan Shasainn. Tha fear eile ann an Astràilia. Tha toll anns an raon-ghoilf ann an Àrasaig air a bheil Spion Kop. ’S e Spion Kop a bh’ air an “Kop” ann an Liverpool an toiseach. Sin pairt dhen stadium aig sgioba ball-coise Liverpool.

Agus cò na daoine a thug an t-ainm sin dhachaigh à Afraga a Deas? Saighdearan. Bha batail air Spion Kop eadar na Boers agus na Breatannaich. Bhuannaich na Boers. Bha sin anns a’ bhliadhna naoi ceud deug (1900).

Ann an Afrikaans tha Spion Kop a’ ciallachadh “cnoc-faire”. ’S e sin àite far a bheil sealladh ann. Cnoc-faire. Dh’ainmich na *voortrekkers* e ann an ochd ceud deug, trithead ’s a còig (1835).

Chan eil mi cinnteach a bheil leòmhainn anns an sgìre sin an-diugh. No an robh leòmhainn anns an sgìre sin nuair a bha na *voortrekkers* ann. Ach tha leòmhainn gu leòr ann an Afraga a Deas. Agus, a’ bruidhinn air leòmhainn, a bheil cuimhne agaibh air an t-seann sgeulachd mu dheidhinn leòmhann agus tràill? Sin a’ Ghàidhlig air *slave*. Tràill.

Bha an leòmhann agus an tràill còmhla. Bha iad ann airson sabaid. Bha na daoine an dòchas gun robh an leòmhann a’ dol a mharbhadh an tràill. Ach cha do mharbh. Dh’imlich an leòmhann làmhnan an tràill!

Carson? Uill, bha an leòmhann ag aithneachadh an duine. Chuidich an duine an leòmhann là roimhe. ’S e Androcles an t-ainm a bh’ air an duine. Agus dè rinn e? Thug e droigheann a-mach à spog an leòmhainn. *Spìon* e an droigheann.

* * * * *

Faclan is abairtean: a' nochdadh gu tric ann an ainmean-àite: *appears often in place names*; air feadh an t-saoghail: *throughout the world*; ma tha sibh a' toirt iteagan à cearc: *if you are taking feathers from a hen*; a' spìonadh na circe: *plucking the hen*; luibhean – lusach nach eil iad ag iarraidh: *weeds – plants they don't want*; anns a' Mhonadh Ruadh tha cnoc ann: *in the Cairngorms there is a hill*; tha mi a' smaoinichadh gur ann à Afrikaans a tha e: *I think it is from Afrikaans*; thug iad ainmean leotha: *they took/brought names with them*; tha fear eile ann an Astràilia: *there is another in Australia*; tha toll anns an raon-ghoilf ann an Àrasaig: *there is a hole on the golf-course in Arisaig*; an toiseach: *to begin with*; cò na daoine a thug an t-ainm sin dhachaigh: *who [were] the people who took that name home*; bhuannaich na Boers: *the Boers won*; cnoc-faire: *lookout-hill*; àite far a bheil sealladh ann: *a place where there is a view*; dh'ainmich X e: *X named it*; a bheil leòmhainn anns an sgìre sin an-diugh: *are there lions in that area today*; tha leòmhainn gu leòr ann an Afraga a Deas: *there are plenty of lions in South Africa*; a bheil cuimhne agaibh air an t-seann sgeulachd?: *do you remember the old story?*; mu dheidhinn leòmhann agus tràill: *about a lion and a slave*; bha na daoine an dòchas: *the people were hoping*; gun robh an leòmhann a' dol a mharbhadh an tràill: *that the lion was going to kill the slave*; ach cha do mharbh: *but he didn't [kill]*; dh'imlich an leòmhann làmhnan an tràill: *the lion licked the hands of the slave*; ag aithneachadh: *recognising*; chuidich an duine an leòmhann là roimhe: *the man helped the lion on a previous occasion [a day before]*; 's e Androcles an t-ainm a bh' air an duine: *Androcles was the man's name*; dè rinn e?: *what did he do?*; thug e droigheann a-mach à spog an leòmhainn: *he took a thorn out of the lion's paw*; spìon e an droigheann: *he plucked the thorn*.

ends